



## Tiotal: Aonta Pàirt 2: Aois aonta

ìre: TREAS/CEATHRAMH

### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 3-45a</p> <p>Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chriochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 3-45b</p> <p>Tha fios agam far am faigh mi taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhìol agus tha mi a' tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhion bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhìol. HWB3-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>A' mìneachadh na buaidh a dh'fhaodas a bhith aig mì-chothromachd cumhachd air dàimhean, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil, me, fòirneadh, uallach airson giùlan agus co-dhùnaidhean.</li><li>A' toirt eisimpleirean de laghan a tha a' buntainn ri fallaineachd feise, mar eisimpleir aois aonta, còir air diòmhaireachd, aonta, fòirneadh, grumadh.</li><li>Ag aithneachadh dè bu chòir dhaibh a dhèanamh ann an suidheachadh giùlan droch-dhìolach no giùlan fheiseil mì-fhreagarrach, me a' cur stad air dàimhean mì-fhallain, taic ionadail, am poileas.</li></ul>

### Amasan ionnsachaidh

- Gum bi fios aig daoin' òga gu bheil aonta ann an co-theacs dhàimhean mu chonaltradh agus spèis agus gu bheil e a' ciallachadh gun iarr iad cead air neach eile airson rud a dhèanamh.
- Gun tuig daoin' òga na cuideaman a bhios orra ann an dàimhean, a' gabhail a-steach dàimhean feiseil.
- Gum bi fios aig daoin' òga dè an aois aig am faod iad aonta a thoirt seachad.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh cunntas a thoirt air na tha aonta ann an dàimhean a' ciallachadh.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh na thathas a' ciallachadh le aonta feiseil.
- Tha mi a' leasachadh mo thugse, mo sgilean agus mo chomas gus mì-fhìn a chur an cèill ann an dàimhean airson 's gun urrainn dhomh na rudan a tha mi ag iarraidh agus nach eil mi ag iarraidh innse.
- Tha mi a' leasachadh tuigse gu bheil uallach orm airson mo ghiùlan ri dhaoine eile.
- Tha fios agam nach fheum mi bhith ann an dàimh, agus nach fheum feise bhith na phàirt de dhàimh mura h-èil mi a' miannachadh sin.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh na thathar a' ciallachadh le aois aonta.
- 'S urrainn dhomh neach ainmeachadh chun an tèid mi ma tha ceistean agam no ma tha mi fo ionagain.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Props/cairtean airson còmhradh: Mu aois aonta

- Tidsear/neach-foghlaim ri slaighd a chur air dòigh airson stiùireadh a thoirt do dhaoin' òga a thaobh seirbheisean coimhairsachd no fallaineachd feiseil iondail.

## Obair

1. Aig toiseach an leasain, tòisich còmhradh goirid far am bi daoin' òga a' cuimhneachadh susbaint agus còmhraidean an t-seisein mu dheireadh far an robh iad a' sgrùdadadh aonta, agus an uair sin aonta feiseil. Cleachd an ùine seo airson tilleadh gu puingean sam bith far an robh daingneachadh a dhìth. (Tha am fiosrachadh seo air slàighdean 2-5 ma tha sin na chuideachadh le ruith-thairis/a' daingneachadh tuigse, ach seachain a bhith a' leughadh an fhos air fad a-rithist).
2. Gluais air adhart agus tòisich an seisean mar seo: An-diugh bidh an clas/a' bhuidheann ag ionnsachadh mu aois aonta. Seall a' chiad shlaighd agus coimheadaibh air na ceistean, brosnaich còmhradh goirid, agus an uair sin gluais chun an ath shlaighd agus dèan soilleir gu bheil an lagh a' bualadh air gach neach òg, ge bith dè gnè an cèile.

**'S e aois aonta** an lagh a tha ag innse dè an aois a dh'fheumas neach a bhith mus faod iad aontachadh a bhith ri feise gu laghail.

Dè an aois aig a bheil e laghail a bhith ri feise: do fhireannach agus boireannach? Do dhithis fhireannach? Do dhithis bhoireannach?

**'S e 16 an aois aonta** ann an Alba do fhireannaich agus do bhoireannaich.

3. Mìnich gu bheil an clas ag ionnsachadh mun seo an-dràsta oir tha tuigse air an lagh agus smaoineachadh mu dhàimhean san àm ri teachd a' dèanamh cinnteach gum bi na dàimhean aig daoine òga fallain, toilichte agus sàbhailte. Mìnich gu bheil an slàighd ag innse fiosrachadh bunaiteach mun lagh, ach tha barrachd ri thuigsinn. larr air na daoine òga obrachadh ann an triùirean air an ath ghniomh.
4. **Còmhradh buidhne: Mu aois aonta** Tha an gnìomh seo ann an dà phàirt – pacà de 6 earrannan airson töiseachadh, tha pacà de 6 an uair sin a' leantainn. larr air na daoin' òga deasbad a dhèanamh agus na cairtean a sheòrsachadh (gu lèir mu aois aonta) ann an dà phile air a bheil: **OK, tha sinn a' tuigsinn seo** agus **Tha ceist againn**, àirson 's gun cluinn an clas gu lèir na thathar a' soileireachadh. Cosgaibh beagan ùine, dèanaibh còmhradh agus dèanaibh sgrùdadadh air beachdan agus na thathar a' tuigsinn às dèidh Pàirt 1, agus an uair sin às dèidh Pàirt 2. (Tha Slàighdean 9 agus 10 a' sealtainn nan earrannan. Ma tha e cuideachail cleachd na slàighdean nuair a tha sibh a' ruith thairis air na puingean, no roinn iad thairis air barrachd shlaighdean airson an cleachdadh fear mu seach.)

### Pàrt 1 cairtean/earannan

1. 'S e 16 an aois aonta ann an Alba do dh'fhireannaich agus do bhoireannaich òga.
2. Tha an aois aonta an aon rud dhan h-uile neach – ged a bhiodh tu eile-sheòrsach, leisbeach, gèidh, dà-sheòrsach no tàr-ghnèitheach.
3. Bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' feitheamh gus am bi iad 16 no nas sine mus bi iad ri feise.
4. Ma tha an dithis agaibh nas sine na 16, agus an dithis agaibh ag iarraidh a bhith ri feise, tha e an uair sin laghail.
5. Ma tha an dithis agaibh 13, 14 no 15, an uair sin tha thu fhèin agus do chèile a' bristeadh an lagh.
6. Ma tha aon neach 13, 14 no 15 bliadhna a dh'aois agus aon neach 16 no nas sine, agus ma bhios sibh ri feise, tha an neach as sine a' bristeadh an lagh.

## Pàirt 2 cairtean/earannan

7. Ma tha thu fo aois 13, tha an lagh ag ràdh gu bheil thu ro òg airson aonta a thoirt seachad airson gnìomhan feiseil **sam bith**, me suathadh feiseil no feise beòil no feise faighein no feise tòine.
  8. Tha e neo-àbhaisteach gum bi daoin' òga (aois 13, 14 no 15) air an cur fo chasaid ma tha an dithis aca toilichte agus fhad 's nach eil aon neach a' toirt air neach eile a bhith ri fèise. Ma tha thu 13, 14 no 15 agus gum bruidhinn thu ri neach proifeiseanta mu bhith ri feise rid bhràmair, feumaidh iadsan a bhith cinnteach gu bheil thu sàbhailte còmhla ris an neach sin.
  9. Ma tha thu fo aois 16 agus thu ri feise ri neach a tha tòrr nas sine na tha thusa, bidh neach proifeiseanta iomagaineach mud shàbhailteachd. 'S dòcha gum feum iad bruidhinn ri daoine eile airson do dhòn, ach bruidhnidh iad riutsa an toiseach fhad 's nach eil èiginn sa chùis mu do shàbhailteachd 's feum air do dhòn bho chron.
  10. Tha e an còmhnaidh ceàrr agus an aghaidh an lagh toirt air neach eile a bhith ri feise an aghaidh an toil, ge bith dè an aois a tha thusa no iadsan.
  11. Airson cuideachadh le dion dhaoin' òga, tha e an aghaidh an lagh do chuideigin 18 no nas sine, a dhol an sàs ann an gnìomh feise le cuideigin aois 16 no 17 ma tha an neach as sine ann an suidheachadh earbsach. Tha suidheachadh earbsa a' ciallachdh cuideigin a tha a' coimhead às do dhèidh, mar eisimpleir ann an sgoil no ann an dachaigh càram.
5. **An lagh/draghan.** Faodaidh ceist lagh a bhith na h-iomagain, agus cuideachd na h-adhbhar troimh-a-chèile do dhaoin' òga. An dèidh dhuibh obrachadh tro na cairtean/earrannan na bu thràithe, tha an ath shlaighd ag aideachadh gu bheil an lagh ag ràdh gu bheil e mì-laghail a bhith ri feise mus bi thu 16 ach tha an lagh seo ann an da-rìribh gus daoine òga a dhòn bho inbhich, chan ann airson dragh no eagal a chur orrasan mun lagh. Cleachd an 2 shlaighd agus leugh a-mach na th' orra, bu chòir dhan teacsa a th' ann an clò eadailteach gu h-ìosal a leughadh a-mach mar mhìneachadh. Dèan cinnteach à tuigse mar a thèid sibh air adhart, agus freagair ceistean sam bith.

**An lagh:** Ma tha thu 13, 14 no 15 agus a' smaoineachadh mu bhith ri feise no ri feise mar-thà 's dòcha gum bi thu fo iomagain mun lagh.

**NÒTA:** Inns gu bheil an lagh ag ràdh gum bu chòir do dhaoin' òga feitheamh gus am bi iad 16 mus tèid iad an sàs ann am feise. Bidh a' mhòr-chuid de dhaoin' òga a' dèanamh seo. Ach mas e 's gu bheil iad ri feise ron aois seo agus gu bheil iad ag iarraidh deagh chomhairle agus taic, 's dòcha mu chasg-gin no condoman, bu chòir do dhaoin' òga a thuigsinn nach eil uallach air proifeiseantaich fios a chur chun a' phoileas nas lugha na tha dragh gu bheil an neach òg ann an cunnart. San àbhaist bidh am proifeisentach airson comhairle a thaobh slàinte agus taic a thoirt dhan neach òg. Feumaidh am proifeiseantach a bhith cinnteach gu bheil an neach òg sàbhailte agus toilichte leis an t-suidheachadh.

Bidh **clionaigean fallaineachd feise** a' faicinn dhaoine bho aois 13 agus nas sine. Tha e ðiomhair, agus chan fhaod iad innse dha do phàrant no neach-càram.

**NÒTA:** Tha tòrr eòlais aig clionaigean fallaineachd feise ann a bhith ag obair còmhla ri daoine òga agus tha iad den bheachd gum bu chòir dhuibh seirbheis dhìomhair fhaighinn. Faodaidh daoine òga cuideachd fios a chur gu Childline a bheir tòrr fiosrachadh ðiomhair agus taic do dhaoine òga dhen aois agaibhse.

6. Can gun do chleachd thu am facal dìomhair - mar sin dìreach airson a bhith cinnteach gun tuig a h-uile duine sin cleachd an ath shlaighd airson mìneachadh. A-rithist, gabh ceistean no beachdan sam bith, agus cleachd an NÒTA gus tuilleadh mìneachaidh a thoirt air mar a tha dìomhaireachd ag obair.

Tha **dìomhair** a' ciallachadh gum bi am fiosrachadh air a chumail bho dhaoine eile. Ma bhruidhneas tu ri nurs no ri dotair, cumaidh iad am fiosrachadh agad dìomhair. Nì iad cinnteach gu bheil thu sàbhailte. Cha toir iad seachad fiosrachadh mud dheidhinn fhad 's nach eil neach eile a' dèanamh cron ort no gu bheil thu ann an cunnart.

**NÒTA:** Mar sin, tha dìomhaireachd a' ciallachadh nach toir nurs no dotair seachad fiosrachadh do phàrant no neach-cùraim, ach brosnaichidh iad neach òg gus bruidhinn ri inbhich sa bheil earbsa aca bhon a bheir iadsan cuideachd comhairle agus taic dhaibh.

7. **An còignear earbsach agamsa.** Aidich gum faod dragh a bhith air daoin' òga no gum faod iad a bhith troimh-a-chèile às dèidh còmhradh mu aois aonta agus an lagh. Ma tha cùisean mar sin, tha e an-còmhnaidh math gu bheil neach aca ris am bruidhinn iad ma tha ceist aca no iomagain orra. Thòir dhaibh eacarsaich, iarr air na daoin' òga smaoineachadh air còignear dhaoine thuig am faodadh iad a dhol le ceist no dragh, a' gabhail a-steach ceist no dragh mu dhàimhean no mu fheise. 'S e an dùblan smaoineachadh air dithis bhon teaghach aca, agus air na corragn eile daoine eile. An ceann dhà no thrì mhionaidean a' smaoineachadh agus a' còmhradh, faighnich a bheil neach sam bith ag iarraidh innse mu na daoine a thagh iad, agus carson iadsan? Èist ris an raon de thaghaidhean agus na h-adhbharan – cuir an cuimhne nan daoin' oga gum faod iad daonnaigh tighinn thugadsa. **Seall an slaighd air a bheil fiosrachadh mu sheirbheisean dìomhair do daoin' òga/Childline.**
8. Airson crìoch a chur air an t-seisean, faighnich a bheil ceistean no rudan a tha fhathast gun fhuasgladh. An uair sin ruith thairis air cuid dhen fhiosrachadh bhon t-seisean mu dheireadh, mìnich gu bheil rudan cudromach air an 2 shlaighd seo a bu chòir dhan h-uile duine òg a chumail nan cuimhne nuair a tha iad a' tòiseachadh air smaoineachadh mun t-seòrsa dhàimhean a tha iad ag iarraidh an dràsta agus san àm ri teachd. Cosg beagan ùine a' deasbad, faigh beachdan agus brosnaich còmhradh a-nis:

**Ann an dàimh fhallain bidh dithis dhaoine:**

- A' faireachdainn sàbhailte, co-ionann toilichte agus gu bheil iad a' faighinn spèis.
- A' smaoineachadh mu na tha càch a chèile ag iarraidh
- A' cumail agus a' faicinn charaidean agus teaghach nuair a thogras iad.
- A' dealachadh mas e sin a tha iad ag iarraidh.

**Cha bhith dithis dhaoine a th' ann an dàimh fhallain:**

- A' cur cuideam air an neach eile, agus far a bheil e a cheart cho furasta aontachadh rud a dhèanamh 's a tha e dhaibh diùltadh.
- A' dèanamh rudan a tha a' fàgail an neach eile a' faireachdainn mi-chofhurtail, iomagaineach no a' faireachdainn an eagail.
- A' faireachdainn uallach a thaobh a bhith a' cur seachad ùine còmhla ris an neach eile mura h-èil iad deònach. Faodaidh gach neach ùine a chur seachad leotha fhèin ma thogras iad.

Thoir taing dha na daoin' òga airson pàirt a ghabhail san leasan agus cuir nan cuimhne an neach earbsach aca a chumail nan cuimhne ma tha ceist aca no iomagain orra.

### Ceangal ris an dachaigh

Tha teacsan cois a' ghnìomh ann am Pàirt 1: *Na thathas a' ciallachadh le aonta ann an dàimh.*

**Tha goireasan ionnsachaидh eile rim faighinn ceangailte ris na suthan curraicealaim RSHP seo:**

- Aonta: *Na thathas a' ciallachadh le aonta ann an dàimh.*

### Nòtaichean Tidseir

